# Seall Thall Tighinn Bho'n Ear

*(Scottish Gaelic Christmas Carol)*

tune: *Dark Island**
Iain MacLachlan (1927-1995)




**Seall Thall Tighinn Bho'n Ear**
(faclan le Iain MacLeòid)

Seall thall tighinn bho'n ear le sealladh bho nèamh,
Tha daoine nan cabhaig a' leantainn na rèilt;
'San stàball le leanabh tha Moire cho sèimh,
Am pràsaich gun ghearain, gràdh Dhè dhuinn.

(seist)
O reult, thoir dhomh soillse 'san oidhch' a fàs dorch',
Mi creidsinn do gheallaidh, mo thaic thu's mo threòir.
Cuir solas air slighe a rithist le'd ghlòir,
Ach am faic mi am pràsaich do ghràdh dhomh.

Thàinig ainglean gu talamh le moladh 'is seinn,
Air mòintich gach cìobar le chaoraich am faing;
Threich cadal 'is leum iad, le aoibhneas toirt taing,
Is ruith iad nan deann chun an stàbaill.

Cha sguir ainglean a chaoidh a moladh a ghràidh,
'San reult bidh soillse a dh'oichdhe 'sa là;
Bidh'm fonn ud nan cluasan 's nan cridhe gu bràth:
Am prasaich, 'san stàball, gràdh Dhè dhuinn.

**Look There, Coming from the East**
(words by John MacLeod)

Look there, coming from the east, a vision from heaven,
People are hurrying to follow the star;
In the stable, with her baby, is Mary so mild,
In a manger, without complaint, the love of God for us.

(chorus)
O star, give me light in the night that grows dark,
I believe in your promise, you are my support and my guide.
Put a light on the path once again with your glory,
So that I see, in the manger, your love for me.

Angels came to the earth singing praises,
On the moor, each shepherd with sheep in the fold
Abandoned sleep, and jumped up, joyfully giving thanks,
And they ran in their haste to the stable.

The angels will never stop praising His love,
In the star will be light for the night and the day;
The sound will be in their ears and hearts forever:
In the manger, in the stable, the love of God for us.


* From the BBC TV serial "The Dark Island" - English words by David Silver; Music by Iain MacLachlan.
Copyright 1963 (Renewed) Westminster Music Ltd., London, England.
TRO- Essex Music, Inc., New York, controls all publication rights for the USA and Canada. Used by permission.



arranged by Diane Moss, 2002; Group Tunes for Crystal Mountain Folk Harp Festival, June 2002